

1. Fasan | Fashion

Sgrìobh  - Cò ris a tha an t-aodach seo coltach? Cuir buadhair ris gach dealbh an seo.






2. Fhuair mi air-loidhne e | I got it online

Sgrìobh  - Cuir na seantansan seo ri chèile.

1. Chosg mi culaidh-choimheach
 2. 'S ann striopach a bha an tàidh
 3. 'S e am fèileadh agam
 4. Cha toil leam lèintean
 5. Mus deach mi dhan agallamh,
 6. Chuir mi an deise-shnàimh orm
 7. Nan rachadh tu dhan dealbh-chluich 'The Rocky Horror Picture Show'
- a. gun choilear idir idir.
 - b. chuir mi orm an deise spaideil agam.
 - c. mus deach mi dhan tràigh.
 - d. an cuireadh tu èideadh sònraichte ort?
 - e. aig partaidh na Samhna am-bliadhna.
 - f. mu dheireadh a cheannaich mi.
 - g. an trusgan as fheàrr a th' agam.

3. Chan eil e a' fiotadh gu ceart | It doesn't fit right

Sgrìobh  - Lìon na beàrnan anns na ceistean seo an toiseach agus an uair sin freagair na ceistean seo leis na freagairtean pearsanta agad fhèin.

1. Dè an t-aodach as _____ [goirid] a th' agad?

2. Agus dè an t-aodach as _____ [mòr] a th' agad?

3. An toil leat còtaichean _____ [fada] no còtaichean _____ [goirid]?

4. A bheil aodach sam bith agad a tha ro _____ [beag] dhut?

5. Dè an t-ath rud a bu toil leat ceannach dhut fhèin?

4. Ceannaichidh mise e | I will buy it

Sgrìobh  na ceistean airson nam freagairtean seo.

1. _____

Ceannaichidh. Ceannaichidh mi biadh an-diugh fhathast.

2. _____

Ceannaichidh mi aran, ìm, is bainne. Is dòcha gun ceannaich mi feòil cuideachd.

3. _____

Ceannaichidh mi e ann am bùth a' bhaile faisg air an ospadal.

4. _____

Ceannaichidh mi e feasgar an dèidh m' obrach.

5. _____

Cha cheannaich. Cha cheannaich mi seòclaid no cofaidh no rud sam bith eile.

6. _____

Ceannaichidh mi leis a' chairt-chreideis e.

Lèintean-t Gàidhlig | Gaelic t-shirts

Coimhead  no **Èist**  ris a' bhideo seo:

www.learnGaelic.scot/watch/news.jsp?v=952

Karen Elder: Nist, ma nì sibh lorg air #Gàidhlig air na meadhanan sòisealta, **cuiridh mi geall** gum faic sibh dealbhan de dhaoine agus iad air an sgeadachadh le aodach, air neo, le faclan agus briathran Gàidhlig orra. Tha companaidhean air nochdadh o chionn ghoirid a tha a' cruthachadh aodaich agus a tha ag amas air a' Ghàidhlig **a thoirt am follais**. 'S a h-uile coltas ann gu bheil **fèill air** an stuth aca mar a tha Anndra MacFhionghain a-nist ag aithris.

Anndra MacFhionghain: Air latha fuar mar a th' againn an-diugh chan eil càil nas fheàrr na bonaid airson do chumail blàth, agus 's e bonaid nas fheàrr buileach a th' innte mas e 's gu bheil i a' guidhe 'Latha Math' do dhuine sam bith ris an coinnich thu. Tha aodach an leithid na bonaid-sa air a bheil facail no briathran Gàidhlig a' fàs gu math fasanta o chionn ghoirid agus tha gu leòr den bheachd gu bheil iad seo a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha companaidhean leithid **Sona** agus **Graficanna** air fàs anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh agus iarrtas mòr ann an-diugh airson aodach le Gàidhlig orra.

Anna Rothach: Às dèidh dhomh a' cholaiste fhàgail, rinn mi 'Graphic Design' is bha fhios a'm gun robh mi airson... a bhith ag obair **air mo cheann fhèin**. An uair sin bha mi a' faireachdainn gun robh beàrn ann 's cha robh mòran aodaich Ghàidhlig is rudan mar sin ann. 'So yeah'... thòisich mi le aon 'design' ag ràdh 'S e muncaidh a th' annam' agus bha sin gu math 'popular', bha sin airson clann. Agus an uair sin... as dèidh sin, chùm mi orm - dìreach barrachd 'designs' a dhèanamh [*a' dèanamh barrachd 'designs' | dealbhaidhean].

Anndra MacFhionghain: Ach dè th' ann mu dheidhinn an aodaich-sa a tha a' fàgail gu bheil uimhir cho measail orra?

Rachel NicAoidh: Tha mi a' smaointinn... dhòmhsa, tha an t-aodach seo a tha spòrsail agus tha mi a' smaointinn gu bheil iad uabhasach fhèin cliobhar a bhith a' cleachdadh facail Ghàidhlig. Agus tha mi cuideachd eòlach air tòrr de na daoine a tha a' ruith nan companaidhean seo agus tha mi a' smaointinn... an rud as [cudromaiche] 's e gu bheil iad a' cleachdadh Gàidhlig ann an dòigh ùr agus fasanta agus spòrsail agus 's e... 's e gu bheil iad a' togail aire dhaoine. Agus tha mi a' smaointinn gu bheil e... gu bheil e math airson òigridh cuideachd agus clann. Tha thu a' faicinn tòrr [chloinne] mun

cuairt 's dòcha aig fèisean agus air an t-samhradh agus iad a' dol timcheall le facail Ghàidhlig orra. Tha mi smaointinn gu bheil sin uabhasach 'cute'.

Anndra MacFhionghain: Chan eil teagamh nach eil buaidh aig na meadhanan sòisealta ann am mar a tha na companaidhean Ghàidhlig-sa air a thighinn air adhart o chionn ghoirid agus gu h-àraid [a' bhuaidh] a th' aig Instagram. Tha cuid den bheachd gu bheil mar a tha a' Ghàidhlig cho follaiseach air na [làraichean]-sa ga dhèanamh nas 'cool' dha daoine òga.

Anna Rothach: Tha Instagram fìor mhath, tha e math gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine air Instagram agus chan eil agam ri pàigheadh air a shon. 'So yeah'... tha e sgoinneil agus tha daoine a' faicinn an stuth agam bhon air feadh an t-saoghail 'so' tha e glè mhath.

Alison Bhrus: Airson a h-uile companaidh, feumaidh tu a bhith air-loidhne an-dràsta air na làithean-sa agus tha e **fèir** cho cudromach 's gu bheil na... an seòrsa de choimhearsnachd againn air-loidhne cuideachd. 'So' leis na rudan mar Là nan Lèintean-t Gàidhlig, bha sin gu math cudromach airson coimhearsnachd a dhèanamh air-loidhne 's dìreach airson faicinn gu bheil daoine eile ann aig a bheil Gàidhlig air-loidhne 's gu bheil sinn uile ga bruidhinn agus ga [faicinn] air-loidhne. Tha e gu math cudromach airson ma smaoinicheas tu air Gàidhlig mar bhrand... ann an dòigh tha na lèintean-t seo a' dèanamh diofar mòr air-loidhne agus dìreach san fharsaingeachd.

Anndra MacFhionghain: Bidh iad ag ràdh gum bi fasan ag atharrachadh a h-uile sia mìosan, ach chan eil càil a choltas ann gu bheil spèis dhan a' Ghàidhlig a' dol a-mach à stoidhle uair sam bith a dh'aithghearr. Anndra MacFhionghain, BBC An Là.

Èist  + **Sgrìobh**  - Èist ris an aithris a-rithist agus freagair na ceistean seo:


1. Dè chì sibh ma nì sibh lorg air #Gàidhlig air na meadhanan sòisealta?

2. Dè a' bhonaid as fheàrr a rèir Anndra MhicFhionghain?

3. Dè bhios aodach air a bheil facail no briathran Gàidhlig a' dèanamh?

4. Dè th' ann mu dheidhinn an aodaich-sa a tha a' fàgail gu bheil an uimhir cho measail orra ann am beachd Rachel NicAoidh?

5. Cuir dhìot do chòta | Take off your coat

Sgrìobh  - Tha gach neach anns na dealbhan seo a' cur aodach dhiubh. Sgrìobh seantans ris gach dealbh anns an tràth cheart agus leis a' chruth cheart den roimhear **de**.



6. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist  - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-19-fasan-fashion

Èist ris a' chlàradh a tha seo agus an uair sin leugh an **tar-sgrìobhadh** 'transcription'.

Flòraidh: *Tha mi a' dol a dhol gu Erica. Tha Erica ann an Dùn Èideann. Tha thusa ag obair, Erica, tha... do dh'fhir-lagha agus fir-chunntais agus cuideachd a' lorg daoine airson companaidhean a tha a' lorg fir-lagha. A bheil siud ceart?*

Erica: *Tha sin ceart.*

Flòraidh: *Nise... tha... dè an suidheachadh a th' agad fhèin, can, nuair a bhios tu a' dol timcheall nan companaidhean a tha sin, 's... ?*

Erica: *Tha e a rèir cà' bheil mi a' dol. Uaireannan 's mathaid gum feum mi a dhol a Pheairt, 's mathaid, air an tràna agus ma tha mi a' falbh a dh'àiteigin mar sin feumaidh mi dèanamh cinnteach gu bheil an rud a tha a' dol orms' sa mhadainn gu bheil e a' dol a sheasamh fad an latha agus gu bheil e gu bhith a' coimhead ceart aig deireadh an latha cuideachd. Feumaidh tu a bhith faiceallach gur e aodach math a th' anns an aodach agad agus nach eil càil gu bhith a' coimhead robach aig*

deireadh uair a thède air an trèana. Tha mi fhìn a' faireachdainn tòrr nas fheàrr ma tha mi cofhurtail leis an rud a th' orm agus gu bheil mi a' faireachdainn gu bheil mi a' coimhead math. Saoilidh mi gu bheil mi a' tighinn air adhart nas fheàrr ann an suidheachaidhean far a bheil mi a' coinneachadh dhaoine, 's mathaid, nach do choinnich mi ron a seo.

Flòraidh: *Leithid deiseachan is rudan mar sin, an e?*

Erica: *Gu math tric, cuiridh mi orm briogais agus seacaid a tha a' dol còmhla ri chèile agus tha mi a' faireachdainn cofhurtail le sin.*

Èist  + **Sgrìobh**  - Èist a-rithist ris a' chlàradh seo agus freagair na ceistean.

1. Dè tha Flòraidh NicIleathain ag innse dhuinn mu Erica aig an toiseach? Càit a bheil i agus dè an obair a th' aice?

2. Dè dh'fhaodadh tachairt às dèidh turas air an trèana mura h-e aodach math a th' anns an aodach agad?

3. Tha Erica NicFhionghain ag ràdh gum feum i a bhith cinnteach mu aon rud mun aodach aice. Dè rud a bha sin?

4. Dè tha a' toirt air Erica a bhith a' faireachdainn 'tòrr nas fheàrr'?

5. Ciamar a bhios Erica a' faireachdainn ma bhios briogais is seacaid oirre?

Cuspair 19B

Freagairtean

Digital content: speakgaelic.scot

B1

1 - Fasan | Fashion

cosgail

dìonach

spaideil

plèin

dathach

leòmach

practaigeach

fasanta

2 - Fhuair mi air-loidhne e | I got it online

1. e
2. f
3. g
4. a
5. b
6. c
7. d

3 - Chan eil e a' fiotadh gu ceart | It doesn't fit right

1. Dè an t-aodach as giorra a th' agad?
2. Agus dè an t-aodach as motha a th' agad?
3. An toil leat còtaichean nas fhaide | fada no còtaichean nas giorra | goirid?
4. A bheil aodach sam bith agad a tha ro bheag dhut a-nis?
5. Dè an t-ath rud a bu toil leat ceannach dhut fhèin?

4 - Ceannaichidh mise e | I will buy it

1. An ceannaich thu biadh an-diugh?
2. Dè cheannaicheas tu?
3. Càit an ceannaich thu sin?
4. Cuin a cheannaicheas tu am biadh sin?
5. An ceannaich thu rud sam bith eile?
6. Ciamar a cheannaicheas tu e?

Lèintean-t Gàidhlig | Gaelic t-shirts

1. Chì sibh dealbhan de dhaoine air an sgeadachadh ann an aodach le faclan agus briathran Gàidhlig orra.
2. 'S e bonaid a tha a' guidhe 'Latha Math' do dhuine sam bith ris an coinnich thu a' bhonaid as fheàrr a rèir Anndra.
3. Tha gu leòr den bheachd gum bi iad a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.
4. Tha an t-aodach spòrsail agus tha iad uabhasach fhèin cliobhar a bhith a' cleachdadh facail Ghàidhlig.

5 - Cuir dhìot do chòta | Take off your coat

Tha i a' cur a
geansaidh dhith.

Chuir i na brògan
aice dhith.

Tha e a' cur
stocainnean a
pheathar dhith.

Chuir e an ad aige
dheth. / Chuir i an
ad aice dhith.

6 - Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

1. Tha Flòraidh ag innse dhuinn gu bheil Erica ann an Dùn Èideann agus gu bheil i ag obair do dh'fhir-lagha agus fir-chunntais, agus gum bi i cuideachd a' lorg dhaoine airson companaidhean a tha a' lorg fir-lagha.
2. Dh'fhaodadh coltas robach a bhith air an aodach mura h-eil iad math.
3. Tha Erica ag iarraidh gum bi an t-aodach aice a' seasamh fad an latha.
4. Ma tha i cofhurtail leis an rud a th' oirre.
5. Bidh i a' faireachdainn nas coltaiche ri feadhainn de na fireannaich a bhios ris am bi i a' coinneachadh.